

Ùghdarras Theisteanas Na H-Alba (SQA) Plana Cànan na Gàidhlig

Scottish Qualifications Authority (SQA) Gaelic Language Plan

Chaidh am plana seo ullachadh an co-chòrdadh ri Earrann 3 de Achd Cànan na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 5 An Dàmhair 2016.

This plan has been prepared under Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and was approved by Bòrd na Gàidhlig on 5 October 2016.

An deasachadh seo: An Gearran 2017
This edition: February 2017

Còd-foillseachaidh/Publication code: FF5079
Foillsichte le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Published by the Scottish Qualifications Authority

Togalach Optima, 58 Sràid MhicDhonnchaidh, Glaschu G2 8DQ
Lowden, 24 Shawfair an Iar, Dal Chè, EH22 1FD

The Optima Building, 58 Robertson Street, Glasgow G2 8DQ
Lowden, 24 Wester Shawfair, Dalkeith, EH22 1FD

www.sqa.org.uk

Faodar am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a chleachdadh mar thaic do theisteanasan SQA. Ma chleachdar e, is còir SQA ainmeachadh gu soilleir mar bhun. Ma chleachdar e airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaighinn bho Sgiobadh dheasachaidh SQA. Chan fhaodar a chleachdadh airson adhbharan malairt.

The information in this publication may be reproduced in support of SQA qualifications. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, then written permission must be obtained from the Editorial Team at SQA. It must not be reproduced for trade or commercial purposes.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2017
© Scottish Qualifications Authority 2017

For an up-to-date list of prices visit the Publication Sales and Downloads section of SQA's website.

This document will be produced in alternative formats, including large type, Braille and community languages. For further details telephone SQA's Customer Contact Centre on 0845 279 1000.

SQA is committed to using plain English. We will try to make our publications as easy and straightforward to understand as we can, and will try to avoid all unnecessary jargon. If there is any language in this document that you feel is hard to understand, or could be improved, please write to Editor, Editorial Team, at the Glasgow address above or e-mail: editor@sqa.org.uk

Airson liosta nuadh-aimsireil de phrisean theirig gu earrann Reicean Foillseachaidh agus Sios-luchdaichean air làrach-lìn SQA.

Bidh an sgrìobhainn seo air fhoillseachadh ann an caochladh chruthan, a' gabhail a-steach clò-sgrìobhadh mòr, breul agus cànanan coimhearsnachd. Airson tuilleadh fiosrachadh cuir fòn gu Ionad-bruidhne SQA aig 0845 279 1000.

Tha SQA a' gealltainn cànan sìmplidh a chleachdadh. Feuchaidh sinn ri ar foillseachaidhean a dhèanamh cho furasta an tuigsinn 's as urrainn dhuinn, agus feuchaidh sinn ri goileam gun fheum a sheachnadh. Ma tha sibh a' meas gu bheil cainnt sam bith san sgrìobhainn seo a tha doirbh a tuigsinn, no air am faodar piseach a thoirt, sgrìobhaibh gu An Neach-deasachaidh, Sgiobadh-dheasachaidh, aig seòladh Ghlaschu no cuiribh post-d gu: editor@sqa.org.uk.

Foreword

SQA has an important role to play in ensuring the revitalisation of Gaelic in Scotland. We help people to realise their potential and to achieve their ambitions by providing a wide range of high quality, internationally recognised qualifications and associated services. Our support for Gaelic is long-term, ambitious, and deliverable. Working in partnership with other educational bodies has been and remains a fundamental element of our Gaelic Language Plan.

Our qualifications and services must be dynamic and relevant to the needs of business, industry and individuals. We need to ensure everyone in Scotland has the opportunity to reach their full potential. SQA continues to work together with the Scottish Government and other stakeholder organisations in driving forward and delivering our ambitions for Gaelic.

The Gaelic Language Act of 2005 and the National Gaelic Language Plan are of fundamental importance in enabling SQA and its partner organisations to plan successfully for a sustainable future for the Gaelic language. Ten years have passed since the Gaelic Language Act, and in the five years since the publication of our previous Gaelic Language Plan there has been an increase in the number of children enrolling in Gaelic-medium primary education and more Gaelic Units opening, which is encouraging. It is important that this continues into secondary school, in particular into the Senior Phase, to enable progression and recognition.

SQA recognises the importance of supporting the aspirations and objectives included in the National Plan for Gaelic and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. Of particular importance, given SQA's educational remit, is the development of forthcoming *Guidance on Gaelic Education* following the Education (Scotland) Bill.

The 2005 Gaelic Language (Scotland) Act requires public bodies to bring the preparation of their Gaelic Language Plans to the attention of all interested parties. SQA will continue to work closely with all those who have a stake in its Gaelic and Gaelic-medium provision.

Dr Janet Brown
Chief Executive
SQA

Facal-toisich

Tha àite mòr aig an SQA ann a bhith a' dèanamh cinnteach à ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba. Bidh sinn a' cuideachadh dhaoine gu an làn chomais a ruighinn agus an amasan a choileanadh le bhith a' tabhann raon fharsaing de theisteanasan is de sheirbheisean àrd-chàileachdail a tha co-cheangailte riutha agus air an aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta. Tha ar taic dhan Ghàidhlig fad-ùine, àrd-amasach agus comasach a' libhrigeadh. Tha a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean foghlaim eile air a bhith agus a' fantainn na eileamaid bhunaiteach de ar Plana Gàidhlig.

Feumaidh ar teisteanasan agus ar seirbheisean a bhith làn spionnaidh agus a' buntainn ri feumalachdan gnothachais, gnìomhachais agus daoine fa leth. Feumaidh sinn a dhèanamh cinnteach gu bheil an cothrom aig a h-uile duine ann an Alba an làn chomais a ruighinn. Tha an SQA a' leantainn air adhart a' co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus le buidhnean-ùidhe eile ann a bhith a' stiùireadh agus a' libhrigeadh ar n-amasan airson na Gàidhlig.

Tha cudromachd bhunaiteach aig Achd na Gàidhlig 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann a bhith ga dhèanamh comasach don SQA agus a bhuidhnean com-pàirteachais planadh gu soirbheachail airson àm ri teachd a tha seasmhach dhan Ghàidhlig. Tha deich bliadhna air a dhol seachad on chaidh aontachadh ri Achd na Gàidhlig, agus sna còig bliadhna on chaidh am Plana Gàidhlig mu dheireadh againn fhoillseachadh tha àrdachadh air a bhith san àireamh de chloinn a tha air clàradh ann am foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig agus tha barrachd aonadan Gàidhlig air fosgladh, nì a tha na adhbhar misneachd. Tha e cudromach gun lean seo air adhart dhan àrd-sgoil, gu sònraichte dhan Ìre as Sìne gus adhartas agus aithneachadh a dhèanamh comasach.

Tha an SQA ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt taic do na h-àrd-mhiannan agus na h-amasan a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Gu sònraichte cudromach, mar thoradh air raon-ùghdarras an SQA a thaobh foghlam, tha leasachadh an *Stiùireadh air Foghlam Gàidhlig* a tha ri tighinn, stèidhichte air Bile an Fhoghlaim (Alba).

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur dleastanas fa chomhair bhuidhnean poblach ullachadh am Planaichean Gàidhlig a thoirt gu aire gach buidheann aig a bheil ùidh ann. Leanaidh an SQA air adhart ag obair gu dlùth leis na buidhnean aig a bheil uallach airson a sholair a thaobh na Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig.

An t-Oll Janet Brown
Ceannard
SQA

Contents

Summary	2
Structure of SQA's Gaelic Language Plan	4
1 Introduction	6
2 SQA's corporate commitments, values and targets	14
3 Gaelic education policy and implementation of the National Gaelic Language Plan in SQA	30
4 Implementation and monitoring	44
Appendix 1: Qualifications and Statistics	48
Appendix 2: Development Areas	50
Appendix 3: Scottish Credit and Qualifications Framework	54

Clàr-innse

Geàrr-iomradh	3
Structar Plana Gàidhlig an SQA	5
1 Ro-ràdh	7
2 Dleastanasan Corporra, Luachan agus Amasan an SQA	15
3 Poileasaidh foghlaim Gàidhlig is buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig san SQA	31
4 Buileachadh agus sgrùdadh	45
Paipear-taic 1: Teisteanasan agus Staitistearachd	49
Paipear-taic 2: Raointean Leasachaidh	51
Paipear-taic 3: Frèam Creideis is Theisteanasan na h-Alba	55

Summary

SQA recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life. By implementing our commitments to the objectives set out in the National Plan for Gaelic 2007–12 we put in place necessary structures and initiatives to ensure that Gaelic has a sustainable future in Scotland. This commitment to the growth of Gaelic continues in this revised plan, based on the Outcomes and Development areas set out in the National Gaelic Language Plan 2012–17: Growth & Improvement.

Despite ongoing efforts from various organisations to sustain and revitalise the language, SQA recognises that the position of Gaelic is still extremely fragile, and that if Gaelic is to be revitalised as a living language in Scotland, a concerted effort on the part of government, the public and private sectors, community organisations and individual speakers is required to:

- ◆ enhance the status of Gaelic
- ◆ promote the acquisition and learning of Gaelic
- ◆ encourage the increased use of Gaelic

This document represents the second iteration of SQA's Gaelic Language Plan, and was prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. This Plan meets the Act's requirement for a revised Plan to be submitted five years after the first. SQA has carried out an extensive review of targets and outcomes — and the progress we have made — of the 2010–15 plan, which detailed how Gaelic is used in the organisation, how we will enable the use of Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we will promote and develop Gaelic as part of the National Education Strategy for the language.

SQA's 2015–20 Gaelic Language Plan has been prepared in accordance with:

- ◆ Statutory criteria set out in the 2005 Act, having regard to the Bòrd na Gàidhlig's second National Gaelic Language Plan 2012–17 *Growth & Improvement* and its *Guidance on the Development of Gaelic Language Plans*.
- ◆ Bòrd na Gàidhlig's evaluation of SQA's first Gaelic Language Plan, which provided feedback on our successes and identified any areas for improvement, which will be reflected in this new plan.
- ◆ High Level Commitments issued by Bòrd na Gàidhlig to SQA which identify commitments the organisation is expected to deliver in each of the development areas identified in the National Plan.

SQA gratefully acknowledges the assistance and support provided by Bòrd na Gàidhlig in the production of this Plan.

Geàrr-iomradh

Tha an SQA ag aithneachadh gur e pàirt chudromach de dhualchas, dhearbh-aithne agus de bheatha chultarail na h-Alba a tha sa Ghàidhlig. Le bhith a' cur an cèill ar dleastanasan a thaobh nan amasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007–12, tha sinn a' cur nan structairean agus nan iomairtean a tha riatanach nan àite gus a dhèanamh cinnteach gum bi àm ri teachd seasmhach aig a' Ghàidhlig ann an Alba. Tha an dealas a thaobh fàs na Gàidhlig a' leantainn sa phlana ath-sgrùdaichte seo, stèidhichte air raointean Builean agus Leasachadh a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007–12: Fàs agus Feabhas.

A dh'aindeoin oidhirpean leantainneach le grunnan bhuidhnean gus an cànan a dhèanamh seasmhach agus ath-bheothachadh, tha an SQA ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig fhathast air leth lag, agus ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan a tha beò ann an Alba, feumar oidhirp bhon riaghaltas, bho na roinnean poblach agus prìobhaideach, bho bhuidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, ag obair còmhla gus:

- ◆ inbhe na Gàidhlig àrdachadh
- ◆ togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh
- ◆ misneachadh tuilleadh cleachdaidh air a' Ghàidhlig

Tha an sgrìobhainn seo mar an dàrna Plana Gàidhlig aig an SQA, agus chaidh ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha am Plana seo a' coinneachadh ri riathanas na h-Achd airson Plana ath-leasaichte a bhith air a chur a-steach còig bliadhna an dèidh a' chiad fhear. Tha an SQA air sgrùdadh farsaing a dhèanamh air amasan agus builean — agus air an adhartas a tha sinn air a dhèanamh — sa phlana 2010-15, a bha a' toirt mion-fhiosrachadh air an dòigh anns an robh a' Ghàidhlig air a cleachdadh sa bhuidhinn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach an uair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh chom-pàirtichean, agus mar a dh'adhartachas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig mar phàirt de Ro-innleachd Nàiseanta an Fhoghlaim airson a' chànan.

Tha Plana Gàidhlig 2015–20 an SQA air a bhith air ullachadh a rèir:

- ◆ Slatan-tomhais reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd 2005, fa chomhair an dàrna Plana Nàiseanta Gàidhlig 2012–17 aig Bòrd na Gàidhlig *Fàs agus Feabhas agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.
- ◆ Measadh Bhòrd na Gàidhlig air a' chiad Phlana Gàidhlig aig an SQA, a thug fiosrachadh dhuinn air na nithean san robh sinn soirbheachail agus a chomharraich raointean a bha feumach air leasachadh, a bhios air an gabhail a-steach sa phlana ùr seo.
- ◆ Dleastanasan Àrd-Ìreil a chaidh a chur an cèill le Bòrd na Gàidhlig don SQA, a tha a' sònrachadh dhleastanasan a thathar a' sùileachadh don buidheann a libhrigeadh anns gach fear de na raointean leasachaidh a tha air an comharrachadh sa Phlana Nàiseanta.

Tha an SQA taingeil airson na taic agus airson a' chuideachaidh a thug Bòrd na Gàidhlig dhaibh ann a bhith ag ullachadh a' Phlana seo.

Structure of SQA's Gaelic Language Plan

The components of our Gaelic Language Plan are:

Chapter 1: Introduction

- ◆ Description of SQA's function
- ◆ Gaelic in SQA's area of operation
- ◆ Approval of SQA's Gaelic Language Plan

Chapter 2: SQA Corporate Commitments, Values and Targets

This chapter sets out how SQA will use, and enable the use of, Gaelic in relation to our main business functions. It covers key areas of operation such as corporate identity, signage, communication with the public, and the use of Gaelic on our website. This chapter sets out the basic level of Gaelic language provision to which we are committed to providing in the lifetime of the Plan.

Chapter 3: Gaelic Education Policy and implementation of the National Gaelic Language Plan in SQA

This chapter sets out how SQA will help implement the National Gaelic Language Plan, showing how we intend to promote the use of Gaelic in education. This chapter also states that we will take account of Gaelic and our Gaelic Language Plan when drafting new policies and considering new strategies.

Chapter 4: Implementation and Monitoring

This chapter sets out how the implementation of our Gaelic Language Plan will be taken forward, and how implementation and outcomes will be monitored.

Structar Plana Gàidhlig an SQA

Is iad co-phàirtean a' Phlana Gàidhlig againn:

Caibideil 1: Ro-ràdh

- ◆ Dleastanas an SQA
- ◆ A' Ghàidhlig ann an raon-obrach an SQA
- ◆ Aonta air Plana Gàidhlig an SQA

Caibideil 2: Dleastanasan Corporra, Luachan agus Amasan an SQA

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas an SQA, agus mar a nì e comasach, a' Ghàidhlig a chleachdadh sna prìomh dhleastanasan gnothachais againn. Tha e a' dèiligeadh ris na prìomh chùisean obrach leithid dearbh-aithne corporra, soidhnichean, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh na h-ìre as bunaitiche de sholar Gàidhlig a tha sinn dealasach mu bhith a' tabhann rè àm a' Phlana.

Caibideil 3: Poileasaidh Foghlam Gàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig san SQA

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuireas an SQA Plana Nàiseanta na Gàidhlig an cèill, a' comharrachadh mar a tha sinn an dùil cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann am foghlam. Tha a' chaibideil seo cuideachd ag ràdh gun toir sinn iomradh air a' Ghàidhlig agus air ar Plana Gàidhlig an uair a bhios sinn ag ullachadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4: Buileachadh agus sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios buileachadh a' Phlana Gàidhlig againn air a thoirt air adhart, agus mar a bhios buileachadh agus builean air an sgrùdadh.

1 Introduction

Function of SQA

SQA is the national body in Scotland for the development, accreditation, assessment and certification of qualifications (other than degrees and some professional qualifications). We are a non-departmental public body, sponsored by the Scottish Government's Learning Directorate.

SQA's functions are set out in the Education (Scotland) Act 1996 as amended by the Scottish Qualifications Act 2002. The organisation has two main roles: accreditation, and awarding qualifications.

As an awarding body, SQA:

- ◆ devises and develops qualifications
- ◆ validates qualifications (makes sure they are well written and meet the needs of learners and tutors)
- ◆ reviews qualifications to ensure they are up to date
- ◆ arranges for, assists in, and carries out, the assessment of people taking SQA qualifications
- ◆ quality-assures education and training establishments which offer SQA qualifications
- ◆ issues certificates to candidates

SQA Accreditation:

- ◆ accredits qualifications other than degrees
- ◆ approves, and quality assures awarding bodies that plan to enter people for these qualifications

How SQA operates

SQA develops, assesses and awards qualifications taken in workplaces, colleges and schools. We provide qualifications across Scotland, the UK and internationally.

Separately, as SQA Accreditation, we authorise all vocational qualifications (other than degrees) delivered in Scotland.

A Chair and Board are appointed by the Scottish Government to oversee and direct SQA. There is also an Advisory Council appointed by the Scottish Government to provide independent advice to Ministers and SQA.

A permanent staff, headed by the Chief Executive, manages and carries out the development and delivery of new and existing qualifications. Additional members of staff are appointed as required on a short-term contract or secondment basis to undertake duties relating to particular projects.

Our Management Team is responsible to the Chair and the Board for our day-to-day operations.

Our Management Statement and Financial Memorandum, drawn up by the Scottish Government Education Department in consultation with SQA, sets out the broad framework within which we operate. This includes:

1 Ro-ràdh

Dleastanas an SQA

Is e an SQA am buidheann nàiseanta ann an Alba airson leasachadh, creideasachadh, measadh agus barantachadh theisteanasan (a thuilleadh air ceumannan agus cuid eile de theisteanasan proifeiseanta). Is e buidheann poblach neo-roinneil a tha annainn, sponsairichte le Stiùireachas Ionnsachaidh Riaghaltas na h-Alba.

Tha dleastanas an SQA air am mìneachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 1996 mar a tha i air a h-atharrachadh le Achd Theisteanas na h-Alba 2002. Tha dà phrìomh dhreuchd aig a' bhuidhinn: creideasachadh agus buileachadh theisteanasan.

Mar bhuidheann buileachaidh, tha an SQA:

- ◆ a' cruthachadh agus a' leasachadh theisteanasan
- ◆ a' dearbhadh theisteanasan (a' dèanamh cinnteach gu bheil iad air an deagh sgrìobhadh agus a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagaisg)
- ◆ ag ath-sgrùdadh theisteanasan gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir feumalachdan an là
- ◆ ag ullachadh airson, a' toirt taic do, agus a' dèiligeadh ri measadh dhaoine a tha a' dèanamh theisteanasan an SQA
- ◆ a' dearbhadh càileachd ionadan foghlaim is trànaidh a tha a' tabhann theisteanasan an SQA
- ◆ a' toirt seachad theisteanasan do luchd-tagraidh

Creideasachadh an SQA:

- ◆ a' creideasachadh theisteanasan a thuilleadh air ceumannan
- ◆ ag aontachadh, agus a' dearbhadh càileachd bhuidhnean buileachaidh a bhios a' planadh air daoine a chur a-steach airson nan teisteanasan sin

Mar a tha an SQA ag obrachadh

Bidh an SQA a' leasachadh, a' measadh agus a' toirt seachad theisteanasan a bhithear a' dèanamh ann an ionadan-obrach, colaistean agus sgoiltean. Bidh sinn a' toirt seachad theisteanasan air feadh Alba, air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.

A thuilleadh air sin, mar Chreideasachadh SQA, tha sinn ag ùghdarrachadh gach teisteanas dreuchdail (a thuilleadh air ceumannan) a thathar a' libhrigeadh ann an Alba.

Tha Cathraiche agus Bòrd air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba gus ceannas agus stiùireadh a thoirt don SQA. Tha Comhairle Comhairleachaidh ann cuideachd air fhastadh le Riaghaltas na h-Alba gus comhairle neo-eisimeileach a thabhann do Mhinistearan agus don SQA.

Tha luchd-obrach maireannach, le Ceannard os an cionn, a' stiùireadh agus a' coileanadh leasachadh agus libhrigeadh theisteanasan ùra agus feadhainn a tha ann a-cheana. Tha tuilleadh luchd-obrach air an cur an dreuchd mar a bhios feumail air chunnradh goirid no air bhunait fo-fhastaidh gus dleastanasan a choileanadh a thaobh phròiseactan sònraichte.

Tha ar Sgioba Rianachd cunntachail don Chathraiche agus don Bhòrd airson ar n-obair bho latha gu latha.

Tha ar n-Aithris Rianachd agus ar Meòrachan Ionmhasail, a chaidh ullachadh le Roinn Foghlam Riaghaltas na h-Alba ann an co-chomhairle ris an SQA, a' mìneachadh an fhrèam-obrach fharsaing sa bheil sinn ag obair. Tha seo a' gabhail a-steach:

- ◆ the rules and guidelines relevant to the exercise of our functions, duties and powers
- ◆ the conditions under which any public funds are paid to us
- ◆ how we are to be held to account for its performance

Gaelic in SQA's area of operation

SQA and its predecessor bodies have maintained a strong commitment to the Gaelic Language for many years. There are National Qualifications in Gaelic (Learners) and Gàidhlig from National 2 to Advanced Higher levels. SQA has also developed qualifications in the further and higher education sectors in Scotland to ensure that the needs of the Gaelic learning and working community are addressed across all levels of fluency in the language.

National Courses at various levels are available through the medium of Gaelic — Geography (Cruinn-eòlas); History (Eachdraidh); Mathematics (Matamataig), Lifeskills Mathematics (Matamataig Fad-bheatha); and Modern Studies (Nuadh-eòlas). New models of entry, certification, translation and marking for these Courses have been developed to ensure that Course titles and all Units attained through the medium of Gaelic are reported in Gaelic on candidates' Scottish Qualifications Certificate (SQC). Recognition statements are now reported on the Detailed Record of Attainment to indicate that the Course was assessed and attained through the medium of Gaelic.

SQA is committed to the Gaelic-medium Education (GME) sector, and in line with our Gaelic Language Plan, we aim to maintain and build on current provision by providing support materials and expanding our range of Gaelic-medium subjects available in secondary schools and colleges.

SQA has also been able to provide a strong level of support for the language with its widely-used publication [Gaelic Orthographic Conventions](#) (4.08 MB), and a continuing and high-level commitment to the language.

SQA received positive feedback following the audit of its 2010–15 Gaelic Language Plan. The following High Level Aims were identified by Bord na Gàidhlig, and the commitments detailed in this revised plan reflect these aims:

- 1 *All Gaelic services and resources will demonstrate equal respect for Gaelic and English. There will be a continuous active offer for all Gaelic services and facilities.*
- 2 *Inclusion of all commitments carried forward from previous iterations of SQA's Gaelic Language Plan.*
- 3 *In partnership with local authorities and other Gaelic education stakeholders, further develop Gaelic-medium secondary qualifications.*
- 4 *Contribute to the delivery of the Gaelic Secondary Education Strategy.*
- 5 *Create and implement a continuous training plan that includes learning and improving Gaelic language skills and Gaelic awareness for staff and Board members of the authority.*

This plan shows how SQA's commitments relate to these High Level Aims.

- ◆ na riaghailtean agus na stiùiridhean a tha iomchaidh do choileanadh ar dreuchdan, dleastanasan agus cumhachdan
- ◆ cumhaichean fo bheil airgead poblach sam bith air a thoirt dhuinn
- ◆ mar a tha againn ri cunntas a thoirt airson ar coileanaidh

A' Ghàidhlig ann an Raon-obrach an SQA

Tha an SQA agus na buidhnean a bha ann roimhe air dealas làidir dhan Ghàidhlig a chumail suas airson iomadh bliadhna. Tha Teisteanasan Nàiseanta ann airson Gaelic (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich) bho ìrean Nàiseanta 2 gu Àrd-Ìre Adhartach. Tha an SQA cuideachd air teisteanasan a leasachadh ann an roinnean foghlaim adhartach agus àrd-ìre ann an Alba, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri feumalachdan coimhearsnachd ionnsachaidh agus obrach na Gàidhlig ann an Alba thairis air a h-uile ìre de fhileantas sa chànan.

Tha Cùrsaichean Nàiseanta aig grunnan ìrean rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig — Cruinn-eòlas; Eachdraidh; Matamataig, Matamataig Fad-bheatha; agus Nuadh-eòlas. Tha modalan intrigidh ùra, teisteanachadh, eadar-theangachadh agus ceartachadh airson nan Cùrsaichean sin air a bhith air an leasachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil tiotalan nan Cùrsaichean agus gach Aonad a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig, air an clàradh sa Ghàidhlig air Barantas Theisteanas na h-Alba (SQC) nan tagraichean. Tha aithrisean aithneachaidh a-nis air an clàradh air a' Chlàr Buileachaidh Mhionaideach gus comharrachadh gun deach an cùrsa a mheasadh agus a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha an SQA dealasach mu roinn Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig (GME), agus an co-rèir ris a' Phlana Ghàidhlig againn, tha sinn ag amas air a bhith a' gleidheadh agus a' togail air an t-solar a tha againn aig an àm seo le bhith ag ullachadh stuthan-taic agus a bhith a' leudachadh an raoin de chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a tha rim faotainn ann an àrd-sgoiltean agus colaistean.

Tha e air a bhith comasach don SQA taic làidir a thoirt don chànan leis an fhoillseachadh a rinn e air [Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig](#) (4.08 MB) a tha mòran a' cleachdadh, agus a dhealas leantainneach is àrd-ìreil dhan chànan.

Tha an SQA air fios deimhinneach fhaighinn air ais an dèidh an sgrùdaidh a chaidh a dhèanamh air a Phlana Ghàidhlig 2010-15. Chaidh na h-Amasan Àrd-Ìreil a leanas a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus tha na dealasan a tha air an comharrachadh sa phlana ath-leasaichte seo a' togail air na h-amasan sin:

- 1 *Bidh na seirbheisean agus na goireasan Gàidhlig air fad a' nochdadh spèis co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla. Bidh tairgse ghnìomhach, leantainneach ann airson nan seirbheisean agus nan goireasan Gàidhlig air fad.*
- 2 *A' gabhail a-steach nan dleastanasan air fad bho dhreachan a bha ann roimhe de Phlana Gàidhlig an SQA.*
- 3 *Ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile le ùidh ann am foghlam Gàidhlig, tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air teisteanasan àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.*
- 4 *A' cur ri libhrigeadh Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig na h-Àrd-sgoile.*
- 5 *A' cruthachadh agus a' cur an sàs plana trèanaidh leantainneach a tha a' gabhail a-steach ionnsachadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig agus mothachadh don Ghàidhlig airson luchd-obrach agus buill Bùird an ùghdarras.*

Tha am plana seo a' sealltainn mar a tha dealasan an SQA a' ceangal a-steach ris na h-Amasan Àrd-Ìreil sin.


Census data/Dàta on Chunntas-sluaigh

Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066










Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Ordnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Dàta foghlam tro mheadhan na Gàidhlig/Gaelic-medium education data

Foghlam tron Ghàidhlig 2014-15 Gaelic Medium Education

-  Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
-  Bun-sgoil Ghàidhlig GME primary school
-  Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream
-  Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
-  An cois àrd-sgoile le FtG Associated with high school with GME
-  Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Approval of SQA's Gaelic Language Plan

Engagement with all organisations and individuals who have a stake in SQA's Gaelic and Gaelic-medium provision is essential to the success of SQA's Gaelic Education Strategy. SQA is committed to maintaining contact and dialogue with these groups to provide a secure and realistic foundation for the commitments detailed in this plan.

Aonta ri Plana Gàidhlig an SQA

Tha conaltradh leis gach buidheann agus gach neach aig a bheil ùidh ann an solar Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig riatanach do shoirbheachas Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig an SQA. Tha an SQA dealasach mu bhith a' cumail suas conaltradh is còmhraidh ris na buidhnean sin gus bunait thèarainte agus chiallach a thabhann do na dealasan a tha air am mìneachadh sa phlana seo.

2 SQA's corporate commitments, values and targets

In its statutory Guidance on the Development of Gaelic Language Plans, Bòrd na Gàidhlig notes that creating the right environment for the use of Gaelic in public life is one of the key components of language regeneration. The Bòrd has identified four core areas of service delivery that it wishes public bodies to address when preparing Gaelic Language Plans:

Identity:	corporate identity signage
Communications:	reception telephone mail and e-mail forms public meetings complaints procedures
Publications:	public relations and media printed material websites exhibitions
Staffing:	training language learning recruitment advertising

This section of the Plan will detail SQA's corporate commitments, values and targets in relation to the Bòrd's 'Guidance on Development of Gaelic Language Plans'.

2 Dleastanasan Corporra, Luachan agus Amasan an SQA

Na Stiùireadh reachdail air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh gur e a bhith a' cruthachadh na h-àrainn cheart airson cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha phoblaich, aon de na prìomh phàirtean de dh'ath-bheothachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir bun-raointean de libhrigeadh seirbheis a chomharrachadh a tha iad a' rùnachadh do na buidhnean poblach a chleachdadh, an uair a bhios iad ag ullachadh am Planaichean Gàidhlig.

Dearbh-aithne:	dearbh-aithne corporra soidhnichean
Conaltradh:	fàilteachas telefòn post agus post-dealain foirmean coinneamhan poblach modhan gearain
Foillseachaidhean:	dàimh poblach agus na meadhanan stuth clò-bhuailte làraichean-lìn taisbeanaidhean
Luchd-obrach:	trèanadh ionnsachadh cànan fastadh sanasachd

Tha an earrann seo den Phlana a' mìneachadh dhealasan corporra, luachan agus amasan an SQA a thaobh 'Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig' aig a' Bhòrd.

2.1 Identity

Rationale

The presence of Gaelic in the corporate identity and signs of a public authority greatly enhances the visibility of the language, increases its status, and makes an important statement about how Gaelic is valued and how it is given recognition. Developing the use of Gaelic through signage can also enrich the vocabulary of Gaelic users, raise public awareness of the language, and contribute to its development. A number of commitments relating to Identity were indicated in the first iteration of SQA's Gaelic Language Plan, and are now reflected in our current practice. SQA continue to recognise the importance of extending the visibility of Gaelic and increasing its status.

Function	Current Practice	Development Activity	Business Area Responsible	Timescale	High Level Aim
<i>Identity</i>					
Letterheads and compliments slips	Bilingual letterheads & compliment slips used in all sites.	Maintain current practice	Facilities	Ongoing	1, 2
Business cards	Bilingual business cards are in use.	Raise awareness for new staff, highlighting that this is an option when requesting business cards.	Facilities	Ongoing	1, 2
Corporate presentations	Generic slides developed for use across all business areas. These are in English — we do not have a bank of Gaelic slides for use.	Create presentation slides containing bilingual logo & general information on our commitments to Gaelic Language Plan.	Marketing	Year 1	1
<i>Signage</i>					
Signage	Bilingual signage in SQA receptions at all sites, buildings and car parks highlighting our Gaelic Policy and the availability of staff to deal with enquiries in Gaelic.	Maintain current practice. Carry out review to ensure all signage still fit for purpose and reflect staff capacity.	Facilities	Ongoing Year 1-3	1, 2

2.1 Dearbh-aithne

Feallsanachd

Is urrainn dha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus ann an soidhnichean ùghdarras poblach cur gu mòr ri follaiseachd a' chànain, a' meudachadh inbhe agus a' toirt deagh chunntas air an luach agus an aithne a thathar a' toirt dhan Ghàidhlig. Is urrainn do leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean a bhith a' neartachadh briathrachas luchd-labhairt na Gàidhlig, a bhith ag àrdachadh mothachadh poblach dhan chànan agus a bhith a' cur ri leasachadh a' chànain. Chaidh grunn dealasan a thaobh fèin-aithne a chomharrachadh sa chiad Phlana Gàidhlig aig SQA a tha a-nis nar cleachdadh làitheil. Tha SQA a' leantainn air adhart ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' meudachadh inbhe a' chànain.

Gnìomh	Cleachdadh Làithreach	Obar Leasachaidh	Roinn an urra ris	Raon-ama	Amas Àrd-ìreil
Dearbh-aithne					
Cinn-litrichean is bileagan dùrachd	Cinn-litrichean is bileagan dùrachd dà-chànanach air an cleachdadh sna làraichean air fad.	Leantainn air adhart mar seo.	Goireasan	A' dol air adhart	1, 2
Cairtean gnothachais	Thathar a' cleachdadh chairtean gnothachais dà-chànanach.	Togail mothachadh luchd-obrach ùr, ag innse gur e roghainn a tha seo an uair a bhios iad a' sireadh chairtean gnothachais.	Goireasan	A' dol air adhart	1, 2
Taisbean-aidhean corporra	Slaighdean coitcheann air an leasachadh airson an cleachdadh thairis air gach raon gnothachais. Tha iad sin sa Bheurla – chan eil banca de shlaighdean Gàidhlig againn as urrainn dhuinn a chleachdadh.	Cruthachadh slaighdean airson an taisbeanadh le lògo dà-chànanach is fiosrachadh coitcheann mu na dealasan againn a thaobh a' Phlana Ghàidhlig.	Margaidh-eachd	Bliadhna 1	1
Soidhnichean					
Soidhnichean	Soidhnichean dà-chànanach aig fàilteachasan SQA sa h-uile làrach, togalaichean agus pàircean chàraichean a' comharrachadh ar Poileasaidh Gàidhlig agus gu bheil luchd-obrach ann a dhèiligeas ri cùisean sa Ghàidhlig.	Cumail air adhart leis a' chleachdadh a tha ann an-dràsta. Sgrùdadh a choileanadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil na soidhnichean air fad iomchaidh agus a rèir comas an luchd-obrach.	Goireasan	A' dol air adhart Bliadhna 1-3	1, 2

2.2 Communications

Rationale

The use of Gaelic at the initial point of contact that members of the public have with a public authority increases the visible and audible presence of the language, and contributes to the sense that the use of Gaelic is possible and welcome. In addition to raising the profile of the language, it also creates opportunities for its practical use and encourages members of the public to use Gaelic in subsequent dealings with the public authority.

The use of Gaelic in interactions with the authority by mail, e-mail and by telephone is important in creating practical opportunities for the use of the language, and in contributing to the sense that its use is possible and welcome. The presence of Gaelic in a wide range of bilingual forms and Gaelic-only forms can also greatly enhance the visibility and prestige of the language. The preparation of Gaelic versions of forms, applications and similar documents, can also assist in expanding the range of Gaelic terminology and the awareness of the Gaelic-speaking public of such terminology, thus helping the development of the language itself.

SQA recognises the importance of creating opportunities for the practical use of Gaelic in a wide range of everyday situations and is committed to increasing its level of provision in this area.

2.2 Conaltradh

Feallsanachd

Tha a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad choinneachadh a tha aig buill den phoball ri ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneach a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil a' cur fàilte air. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh iomhaigh a' chànain, tha e a' toirt seachad chothroman airson cleachdadh practaigeach air a' Ghàidhlig agus a' brosnachadh buill den phoball gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig leis an ùghdarras poblach on sin a-mach.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh le buidhnean poblach tron phost, post-dealain agus air an telefòn cudromach ann an cruthachadh chothroman practaigeach airson a bhith a' cleachdadh a' chànain, agus ann an cur ris an fhaireachdainn gu bheil a' cur fàilte air a bhith ga cleachdadh. Togaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon fharsaing de riochdan Gàidhlig a-mhàin no dà-chànanach, faicsinneachd agus cliù a' chànain. Faodaidh ullachadh air riochdan Gàidhlig de fhoirmean, bileagan-iarrtais agus sgrìobhainnean dhen t-seòrsa sin, taic a thoirt ann a bhith a' leudachadh an raoin de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh a' phobail aig a bheil a' Ghàidhlig do bhriathrachas dhen t-seòrsa sin, mar sin a' cuideachadh le bhith a' leasachadh a' chànain.

Tha an SQA ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dòigh phractaigeach ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus tha e dealasach mu bhith a' meudachadh na h-ìre de sholar a tha e a' tairgse san raon seo.

Function	Current Practice	Development Activity	Business Area Responsible	Timescale	High Level Aim
Communication					
Forms	Our most commonly used forms are available in bilingual format.	Carry out review of most commonly used forms and update/translate accordingly.	Publications	Year 1-2	2
		Ensure 'Contact Us' section and 'General Feedback form', 'Candidate enquiry form' and 'Ideas capture form' are clearly shown on Gaelic web pages.	Web Team	Ongoing	
Reception	We provide bilingual information in reception highlighting the availability of bilingual services/staff.	Carry out new audit of staff Gaelic language skills and update information accordingly.	OD/Facilities	Year 1-2	2
Call Centre	We use Interactive Voice Recognition options in our telephone system providing advice on availability of bilingual staff and resources to deal with enquiries.	Maintain current practice.	BDCS	Ongoing	2
Events	We can provide bilingual copies of event scripts where requested in advance.	Maintain current practice. Include reference to this on Events web pages	Events	Year 1	2
Complaints	It is clearly stated in our Complaints Policy that complaints can be submitted in Gaelic.	Maintain current practice by ensuring complaints submitted in Gaelic are replied to in Gaelic.	BDCS	Ongoing	2
Mail & e-mail	We will provide bilingual signature to all customer e-mails providing SQA's contact details.	Maintain current practice. Raise awareness and highlight to staff that this is an option for all e-mail signatures. Investigate use of bilingual logo.	BDCS	Ongoing	1, 2
	All bulk e-mails include a link to SQA website with bilingual information on how to get information in Gaelic/communicate with SQA in Gaelic.	Maintain current practice.	Web Team	Ongoing	2

Gnìomh	Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Roinn an urra ris	Raon-ama	Amas Àrd-ìreil
Conaltradh					
Foirmean	Tha na foirmean as trice a tha sinn a' cleachdadh rim faotainn ann an dreach dà-chànanach.	Sgrùdadh a dhèanamh air na foirmean as trice a thathar a' cleachdadh agus an ùrachadh/ eadar-theangachadh mar a bhios iomchaidh. Dèan cinnteach gu bheil an earrann 'Fios thugainn' agus na foirmean 'Fios air ais Coitcheann', 'Sgrùdadh Luchd-tagraidh' agus 'Glacadh bheachdan' air an sealltainn gu soilleir air duilleagan Gàidhlig na làraich-lìn.	Foillseach-aidhean	Bliadhna 1-2	2
			Sgioba na Làraich-lìn	A' dol air adhart	
Fàilteachas	Tha sinn a' tabhann fiosrachadh dà-chànanach aig fàilteachas, ag innse gu bheil e comasach cothrom fhaighinn air seirbheisean is luchd-obrach dà-chànanach.	Sgrùdadh ùr a dhèanamh air luchd-obrach a thaobh sgilean Gàidhlig agus am fiosrachadh ùrachadh.	OD/ Goireasan	Bliadhna 1-2	2
Ionad-fòn	Bidh sinn a' cleachdadh roghainnean Aithne Guth Eadar-obrachail san t-siostam fòn againn, a' toirt comhairle mu chothrom air luchd-obrach agus goireasan dà-chànanach gus dèiligeadh ri ceistean.	Lean air adhart mar a thà.	BDCS	A' dol air adhart	2
Tachartasan	Is urrainn dhuinn lethbhreacan dà-chànanach ullachadh de sgrìobtaichean thachartasan ma thèid an iarraidh ro-làimh.	Lean air adhart mar a thà. Cuir fios mun seo air duilleagan-eadar-lìn nan Tachartasan.		Bliadhna 1	2
Gearanan	Tha e air innse gu soilleir nar Poileasaidh Ghearanan gum faod gearanan a bhith air an cur a-steach sa Ghàidhlig.	Lean air adhart mar a thà le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi gearanan a thèid a dhèanamh sa Ghàidhlig air am freagairt sa Ghàidhlig.	BDCS	A' dol air adhart	2
Litrichean is puist-dealain	Cuiridh sinn eàrr-sgrìobhadh dà-chànanach ri post-dealain gach neach-dèiligidh, a' toirt seachad fiosrachadh mu SQA.	Lean air adhart mar a thà. Tog mothachadh agus comharraich do luchd-obrach gur e roghainn a tha seo do eàrr-sgrìobhaidhean puist-d uile. Dèan sgrùdadh air cleachdadh an lògo dà-chànanach.	BDCS	A' dol air adhart	1, 2
	Tha tomad de phuist-dealain a' cleachdadh ceangal ri làrach-lìn an SQA le fiosrachadh dà-chànanach mun dòigh sam faod iad fiosrachadh fhaighinn sa Ghàidhlig/conaltradh ris an SQA sa Ghàidhlig.	Lean air adhart mar a thà.	Sgioba na Làraich-lìn	A' dol air adhart	2

2.3 Publications

Rationale

The use of Gaelic in a range of printed material can assist Gaelic development in a variety of ways. It helps increase the visibility of the language, it enhances Gaelic's status by being used in high-profile publications, and it can help develop new and enhance existing terminology. The use of Gaelic in the media helps demonstrate a public authority's commitment to making important information available through the medium of Gaelic, as well as enhancing the visibility and status of the language. As more people access information about public authorities through their websites, making provision for the use of Gaelic can significantly enhance the status and visibility of the language.

SQA is committed to increasing the use of Gaelic in these areas where the subject matter is of most interest to the general public or relates specifically to Gaelic issues.

2.3 Foillseachaidhean

Feallsanachd

Is urrainn do chleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth clò-bhuailte taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig ann an grunn dòighean. Tha e a' cur ri follaiseachd a' chànain a mheudachadh, tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigheil, agus is urrainn dha cuideachadh le bhith a' leasachadh briathrachas ùr agus a' neartachadh briathrachas a th' ann a-cheana. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le dealas ùghdarras poblach a thaisbeanadh, le bhith a' foillseachadh fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig cho math ri bhith ag àrdachadh follaiseachd agus inbhe a' chànain. Mar a bhios barrachd daoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu bhuidhnean poblach tro an làraichean-lìn, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha an SQA dealasach mu bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin anns a bheil an t-susbaint a chùm ùidh a' phobail san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

Function	Current Practice	Development Activity	Business Area Responsible	Timescale	High Level Aim
<i>Publications</i>					
Advertising & Exhibitions	Review of existing promotional material for Gaelic sector underway. Bilingual and Gaelic corporate pop-up stands are used as appropriate.	Create new promotional material to showcase SQA's qualifications for Gaelic.	Publications	Year 1	1,2
		Create case study of candidates who have undertaken subjects in the medium of Gaelic.		Year 2-3	
Public Relations & Media	For specific Gaelic stories we issue press releases in Gaelic and arrange for Gaelic speaker to be available for interviews.	Create a Communications Strategy that incorporates Gaelic Communications and Social Media as mainstream part of activity.	Communications	Year 1-2	1,2
Printed Materials	We produced bilingual editions of: Scottish Qualifications booklet, Customer Charter leaflet, Your Exams booklet, Gaelic Orthographic Conventions booklet, the Annual Review and our top five general promotional leaflets.	For review as part of communications strategy.	Publications	Ongoing	1,2
Websites	Information on SQA provision for Gaelic held on subject webpages.	Review, update and re-launch Gaelic webpages for Gaelic (Learners), Gàidhlig and Gaelic-medium provision.	Web Team	Year 1	1
	Use of Gaelic and English web addresses to direct visitors to the site homepage.	Update Gàidhlig text in light of revised web content.	Web Team	Ongoing	1
	Use of Gaelic and English explanatory text on main feedback forms on website.				1

Gnìomh	Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Roinn an urra ris	Raon-ama	Amas Àrd-ìreil
Foillseachaidhean					
Sanasachd is Taisbeanadh	Lèirmheas a' dol air stuth sanasachd a tha ann a-cheana don earrainn Ghàidhlig. Stuth taisbeanaidh dà-chànanach agus Gàidhlig air an cleachdadh mar a bhios iomchaidh.	Cruthaich stuth sanasachd ùr gus teisteanasan Gàidhlig an SQA fhoillseachadh.	Foillseach-aidhean	Bliadhna 1	1,2
		Cruthaich eisimpleirean de thagraichean a tha air cuspairean a dhèanamh tron Ghàidhlig.		Bliadhna 2-3	
Càirdeas Poblach is Meadhanan	Airson cuid de sgeulachdan Gàidhlig, bidh sinn ag ullachadh fiosan naidheachd sa Ghàidhlig agus bidh neach a bhruidhneas an cànan ri làimh airson agallamhan.	Cruthaich Ro-innleachd Conaltraidh a bhios a' gabhail a-steach Conaltradh agus Meadhanan Sòisealta Gàidhlig mar ghnìomh àbhaisteach.	Conaltradh	Bliadhna 1-2	1,2
Stuth clò-bhuailte	Dh'ullaich sinn dreachan dà-chànanach de leabhnan Teisteanasan na h-Alba, bileag Cairt Neach-dèiligidh, leabhnan Do Dheuchainnean, leabhnan Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig, An Lèirmheas Bliadhnail agus na còig bileagan sanasachd as cudromaiche a tha againn.	Airson a sgrùdadh mar phàirt den Ro-innleachd Conaltraidh.	Foillseach-aidhean	A' dol air adhart	1,2
Làraichean-lìn	Fiosrachadh mu sholar Gàidhlig an SQA air duilleagan cuspair an làraich-lìn.	Sgrùd, ùraich agus foillsich às ùr duilleagan Gàidhlig an làraich-lìn airson Gaelic (Luchd-ionnsachaidh), Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.	Sgioba na Làraich-lìn	Bliadhna 1	1
	Cleachdadh seòlaidhean làrach-lìn ann an Gàidhlig agus Beurla gus daoine a stiùireadh chun na duilleig-dachaigh.	Ùraich an teacs Gàidhlig a rèir atharrachadh san stuth air an lìon.	Sgioba na Làraich-lìn	A' dol air adhart	1
	Cleachdadh mìneachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air na prìomh fhoirmean fios-air-ais air an làraich-lìn.				1

2.4 Staffing

Rationale

To deliver services through the medium of Gaelic, it is necessary to develop the requisite job skills and language skills of staff. The provision of language learning for staff helps promote adult Gaelic learning and promotes Gaelic as a useful skill in the workplace. The identification of jobs in which Gaelic is a designated skill will contribute greatly to the status of the language and to identifying it as a positive skill to acquire. The appointment of a Qualifications Co-ordinator for Gaelic has been an important factor in the production of previous and subsequent Plans.

The use of Gaelic in advertising also helps recognise that Gaelic should be used in public life and that Gaelic speakers have an important role to play within a public authority. Whatever the level of Gaelic skills required, it is important that authorities ensure that Gaelic is a genuine occupational requirement. Authorities should adopt and apply objective criteria to ensure appointments are made in each case on a fair and consistent basis, and reflect the identified skills needs of the post.

SQA recognises the importance of seeing Gaelic as an important job skill and of identifying situations in which its use is essential or desirable. SQA also recognises the importance of enabling staff to develop their Gaelic skills if they wish to do so.

2.4 Luchd-obrach

Feallsanachd

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach leasachadh a dhèanamh air na sgilean obrach agus na sgilean cànan a dh'fheumas luchd-obrach. Tha solar ionnsachadh cànan airson luchd-obrach a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh ionnsachadh cànan inbheach, agus ann a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Cuiridh sònrachadh obraichean anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach no ion-mhiannaichte gu mòr ri inbhe a' chànain, agus ann a bhith ga chomharrachadh mar sgil dheimhinneach a bhith air fhaighinn. Tha fastadh air Co-òrdanaiche Theisteanasan airson Gàidhlig air a bhith na adhbhar chudromach ann an ullachadh Phlanaichean a bha ann ron seo agus a bhios ann an dèidh seo.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' toirt aithne gum bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh ùghdarras poblach. G' e bith dè an ìre de sgilean Gàidhlig air a bheil feum, tha e cudromach gu bheil na h-ùghdarrasan a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a meas mar riatanas obrach a tha deatamach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais cothromach agus an cur an sàs gus a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine air am fastadh anns gach cùis air bhunait chothromach agus chunbhalach, a' nochdadh nam feumalachdan sgilean a tha comharraichte airson na dreuchd.

Tha an SQA ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' luachadh na Gàidhlig mar sgil chudromach a thaobh obair agus a' sònrachadh shuidheachaidhean anns a bheil a cleachdadh riatanach no ion-mhiannaichte. Tha SQA cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e an cothrom a thoirt do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh far a bheil iad airson sin a dhèanamh.

Function	Current Practice	Development Activity	Business Area Responsible	Timescale	High Level Aim
Staffing					
Awareness Training	We developed a guidance note for staff providing background information on Gaelic issues that are relevant to SQA and included in new staff inductions	A new guidance note will be created for publication in staff newsletter and will also be included in staff inductions. Arrange for more Gaelic Awareness Sessions to be delivered to staff as part of SQA 'Staff Information Programme'.	OD	Year 1-2	5
Staff Audit	General staff skills audits have been carried out	Carry out a new staff audit to establish and maintain a skills database to identify staff with existing Gaelic language skills, and to identify staff who are interested in learning Gaelic.	OD	Year 1-2	5
Language Learning	We have previously provided language training to staff involved in the implementation of SQA's Gaelic Language Plan and in Gaelic development activities	Create and implement a continuous training plan that includes learning and improving Gaelic language skills for SQA staff and Board Members.	OD/ Qualifications co-ordinator	Year 1-2	1,2,5
		Create internal staff resource library and signpost links to learning opportunities.	OD/ Qualifications co-ordinator	Year 1-2	5
		Develop booklet containing basic phrases for distribution to staff.	Qualifications co-ordinator		
Recruitment	We include reference to SQA's Gaelic Language Plan in our recruitment documentation.	Maintain current practice. Provide update on revision to existing plan for issue to all new staff at induction stage.	HR	Ongoing	2,5
Recruitment Advertising	We will include reference to SQA's Gaelic Language Plan in our recruitment advertising documentation.	Maintain current practice.	HR	Ongoing	2,5

Gnìomh	Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Roinn an urra ris	Clàr-ama	Amas Àrd Ìre
Luchd-obrach					
Trèanadh air Togail Mothachaidh	Dh'ullaich sinn nòta stiùiridh airson luchd-obrach, a' toirt fiosrachadh mu chùisean Gàidhlig a tha a' buntainn ri SQA agus a tha air an cleachdadh an uair a bhithear a' fastadh luchd-obrach.	Bidh nòta Stiùiridh ùr air a chruthachadh airson fhoillseachadh ann am pàipear-naidheachd an luchd-obrach agus bidh e air a chleachdadh an uair a bhithear a' fastadh luchd-obrach cuideachd. Ullaich tuilleadh sheiseanan Mothachaidh don Ghàidhlig a bhios air an libhrigeadh do luchd-obrach mar phàirt de 'Phrògram Fiosrachaidh Luchd-obrach' an SQA.	OD	Bliadhna 1-2	5
Sgrùdadh Luchd-obrach	Tha sgrùdaidhean coitcheann air an dèanamh air sgilean luchd-obrach.	Thèid sgrùdadh ùr air luchd-obrach a dhèanamh gus stòr-dàta sgilean a stèidheachadh agus a chumail suas, gus lorg fhaighinn air an luchd-obrach a tha ann a-cheana aig a bheil sgilean Gàidhlig, 's gus luchd-obrach a chomharrachadh aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig.	OD	Bliadhna 1-2	5
Ionnsachadh Cànan	Tha sinn a-cheana air trèanadh sa chànan a thoirt do luchd-obrach a tha air a bhith an sàs ann am buileachadh Plana Gàidhlig SQA agus ann an gnìomhan a thaobh leasachadh na Gàidhlig.	Cruthaich agus cuir an sàs plana trèanaidh leantainneach a tha a' gabhail a-steach ionnsachadh agus leasachadh sgilean cànan Gàidhlig do luchd-obrach agus Buill Bùird an SQA.	OD/ Co-òrdanaiche Theisteanasan	Bliadhna 1-2	1,2,5
		Cruthaich leabharlann goireasan luchd-obrach in-thaigh agus sanasaich ceanglaichean a thaobh chothroman ionnsachaidh.	OD/ Co-òrdanaiche Theisteanasan	Bliadhna 1-2	5
		Leasaich leabhran do luchd-obrach le abairtean feumail.	Co-òrdanaiche Theisteanasan		
Trusadh	Bidh sinn a' toirt iomradh air Plana Gàidhlig SQA nar fiosrachadh trusaidh.	Lean air adhart mar a thà. Thoir fios mu atharrachaidhean sa phlana airson a thoirt do luchd-obrach ùr an uair a thòisicheas iad nan obair.	HR	Bliadhna 1-2 A' dol air adhart	2,5
Sanasachd chothroman obrach	Bheir sinn iomradh air Plana Gàidhlig SQA nar sanasachd obrach.	Lean air adhart mar a tha.	HR	A' dol air adhart	2,5

3 Gaelic education policy and implementation of the National Gaelic Language Plan in SQA

Introduction

SQA is committed to ensuring that the Development Areas contained in the National Plan for Gaelic are implemented. This section sets out how the organisation will achieve that aim. SQA recognises that the various development areas identified in the National Gaelic Language Plan will be implemented primarily through its Gaelic Language Plan but that opportunities will arise to promote and develop the language through existing policy measures.

SQA will examine current policy commitments to identify areas where Gaelic can be actively incorporated and the priorities of the National Gaelic Language Plan attained. SQA sees this development as corresponding to the normalisation principle which aims to include Gaelic as an everyday part of life in Scotland. The organisation will be required to take account of these priorities when drafting new policies and considering new strategies.

In addition to detailing the national priorities for Gaelic education, the National Gaelic Language Plan identifies four interlinking aspects of language development which need to be addressed: **Acquisition, Status, Usage and Corpus**. Within these, it sets out a number of Development Areas areas (see Appendix 2). SQA's educational remit has a bearing on all four key aspects.

The aim of this chapter is therefore to illustrate how, specifically, SQA's **educational** aims for Gaelic will be an essential factor in addressing these aspects of language development and ensuring the sustainability its own Gaelic Language Plan and the following Development Areas identified in the National Gaelic Plan: Education: Schools & Teachers, Post School Education and Workplace. This chapter will identify how our Development Activities link to these areas.

To ensure the needs of the Gaelic sector are represented in all areas of SQA's activity it will be necessary for SQA's Qualifications Co-ordinator for Gaelic to remain an active member on Bòrd na Gàidhlig's National Steering Group and Working Groups, in addition to representing SQA in other networks which hold with common aims.

The Development Areas for Gaelic, as laid out in the National Gaelic Language Plan, which have greatest impact on SQA's function are:

- ◆ A year-on-year increase in the number of pupils engaged on Gaelic-learner education (GLE) in both primary and secondary schools.
- ◆ An expansion in the availability of Gaelic-medium subjects in secondary schools.

3 Poileasaidh foghlaim Gàidhlig is buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig san SQA

Ro-ràdh

Tha an SQA dealasach mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na Raointean Leasachaidh a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air an cur an sàs. Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a choileanas am buidheann an amas sin. Tha an SQA ag aithneachadh gum bi na diofar raointean leasachaidh a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh sa chiad àite tron Phlana Ghàidhlig aige ach gun èirich cothroman gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro cheuman poileasaidh a tha ann a-cheana.

Ni an SQA sgrùdadh air na dealasan poileasaidh a tha ann an-dràsta gus raointean a shònrachadh far an gabh a' Ghàidhlig a gabhail a-steach gu gnìomhach agus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig an coileanadh. Tha an SQA a' faicinn an leasachaidh seo mar a bhith a' rèir a' phrionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air a bhith a' gabhail na Gàidhlig a-steach mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba. Feumaidh am buidheann a dhèanamh cinnteach gum bi e a' gabhail cunntas dha na prìomhachasan sin an uair a bhithear ag ullachadh phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

A thuilleadh air a bhith a' mìneachadh nam prìomhachasan nàiseanta airson foghlaim Gàidhlig, tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' sònrachadh ceithir taobhan eadar-cheangailte de leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh: **Togail, Inbhe, Cleachdadh** agus **Corpas**. Taobh a-staigh iad sin, tha e a' mìneachadh grunn Raointean Leasachaidh (faic Paipear-taic 2). Tha buntanas aig raon-ùghdarras foghlaim an SQA ris na ceithir prìomh thaobhan sin.

Mar sin, is e amas a' chaibideil seo soilleireachadh mar, gu sònraichte, a bhios amasan **foghlaim** an SQA airson na Gàidhlig nan nì riatanach ann an dèiligeadh ris na taobhan sin de leasachadh cànan, agus ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig aig a' bhuidheann fhèin seasmhach cho math ris na Raointean Leasachaidh a leanas a tha air an sònrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig: Sgoiltean is Tìdsearan, Foghlam Seach-sgoile agus Àite-obrach. Comharraichidh a' chaibideil seo mar a bhios na Gnìomhan Leasachaidh againn a' ceangal ris na raointean sin.

Gus a dhèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan na h-earrainn Ghàidhlig air an riochdachadh sa h-uile raon sa bheil an SQA gnìomhach, tha e riatanach gum bi an Co-òrdanaiche Theisteanasan airson na Gàidhlig aig an SQA a' leantainn air adhart na b(h)all gnìomhach air Buidheann Stiùiridh Nàiseanta agus Buidhnean Obrach Bhòrd na Gàidhlig, a thuilleadh air a bhith a' riochdachadh an SQA air lionraidhean eile aig a bheil amasan ceudna.

Is iad na Raointean Leasachaidh airson na Gàidhlig mar a tha iad air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, aig a bheil a' bhuidheann as motha air obair an SQA:

- ◆ Àrdachadh bliadhna an dèidh bliadhna air an àireamh de sgoilearan a tha an sàs ann am foghlaim Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh (GLE) ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.
- ◆ Meudachadh anns na cuspairean a thathar a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

Gaelic-medium education (GME)

'Gaelic language learning at all levels is vital for the future of Gaelic in Scotland. Both GME and GLE have the potential to create new Gaelic speakers. For those who have learned Gaelic from an early age Gaelic-medium education reinforces and expands their language skills and it is important that it continues for as long as possible'

National Gaelic Language Plan 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, p22)

SQA endeavours to support GME candidates indirectly at Primary level by a variety of means. SQA currently makes a number of National 5 and Higher examinations available through the medium of Gaelic — Geography (Cruinn-eòlas); History (Eachdraidh); Mathematics (Matamataig), Lifeskills Mathematics (Matamataig Fad-bheatha); and Modern Studies (Nuadh-eòlas). New models of entry, certification, translation and marking for these Courses have been developed to ensure that Course titles and all Units attained through the medium of Gaelic are reported in Gaelic on candidates' Scottish Qualifications Certificate (SQC). Recognition statements reported on the Detailed Record of Attainment indicate that the Course was assessed and attained through the medium of Gaelic.

SQA is committed to extending the range of Gaelic-medium examinations within a clearly specified and practicable range of subjects. In consultation with Bòrd na Gàidhlig and other partners, strategic subject development beyond the current five core subject areas will be determined and delivered within the framework of any forthcoming Guidance on GME as a result of the current Education Bill going through Scottish Parliament.

SQA also provides a suite of qualifications for Gàidhlig as a subject in its own right, for fluent speakers of the language. It is very important to maintain and build on current provision for learners and fluent speakers of Gaelic, as well as expanding Gaelic-medium provision. In addition to the National Qualifications available in the medium of Gaelic, the Scottish Studies Award, at SCQF levels 2–6, provides opportunities for learners to develop their skills, knowledge and understanding of Scotland — in terms of its people, languages (for example Scots and Gaelic), society, culture, natural environment and heritage.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME)

'Tha ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba. Tha e an comas an dà chuid FTG agus FLI luchd-labhairt ùr a chruthachadh. Dhaibhsan a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig aig aois òg, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' neartachadh agus a' leudachadh an sgilean cànan agus tha e cudromach gun cùm e a' dol cho fad 's a ghabhas.'

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, td 22)

Tha an SQA a' dèanamh a dhìchill air taic a thoirt gu neo-dhireach do thagraichean FMG aig ìre Bun-sgoile ann an grunn dhòighean. Tha an SQA a' tabhann grunn dheuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig aig Nàiseanta 5 agus aig Àrd-Ìre - Cruinn-eòlas; Eachdraidh; Matamataig, Matamataig Fad-bheatha; agus Nuadh-eòlas. Tha modalan inntigidh ùra, teisteanachadh, eadar-theangachadh agus ceartachadh airson nan Cùrsaichean sin air an leasachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil tiotalan nan Cùrsaichean agus nan Aonadan a thathar air a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig, air an clàradh sa Ghàidhlig air Barantas Theisteanas na h-Alba (SQC) nan tagraichean. Tha aithrisean aithne a tha air an clàradh air a' Chlàr Coileanaidh Mhionaideach a' comharrachadh gun deach an cùrsa a mheasadh agus a choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha an SQA dealasach mu bhith a' leudachadh an raoin de dheuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh raon a tha air a shònrachadh gu soilleir agus a tha so-dhèanta. Ann an co-chomhairle ri Bòrd na Gàidhlig agus com-pàirtichean eile, bidh leasachadh ro-innleachdail air a dhèanamh air cuspairean eile a thuilleadh air na prìomh chòig raointean cuspaireil a thathar a' tabhann an-dràsta, agus air a dhearbhadh is air a libhrigeadh taobh a-staigh frèam-obrach Stiùireadh air FMG sam bith a thig a-mach mar thoradh air a' Bhile Foghlaim a tha an-dràsta a' dol tro Phàrlamaid na h-Alba.

Tha an SQA cuideachd a' tabhann sreath de theisteanasan airson Gàidhlig mar chuspair do fhileantaich. Tha e air leth cudromach cumail suas agus togail air an t-solar a tha ann an-dràsta airson luchd-ionnsachaidh agus fileantaich sa chànan, cho math ri bhith a' leudachadh an t-solair tro mheadhan na Gàidhlig. A thuilleadh air na Teisteanasan Nàiseanta a tha rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig, tha Duais Eòlas na h-Alba aig SCQF irean 2-6 a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh an sgilean, eòlas agus tuigse mu Alba a leasachadh – a thaobh a daoine, cànanan (mar eisimpleir Albais agus Gàidhlig), comann sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra agus dualchas.

Current Practice	Development Activity	SQA Directorate responsible	Timescale	High Level Aim
SQA is committed to expanding the current range of National Courses available in the medium of Gaelic within a clearly specified, practicable range of subjects.	Continue dialogue and participate in BOFAS (Secondary Education) working group, ensuring any subject expansion is in line with BnG recommendations and national strategy. SQA will commit to what is agreed at a National level.	Qualifications Development	1–3 years	2,3,4
Candidates can be registered and certificated directly for Gaelic-Medium qualifications. At present, due to restrictions with system functionality we are unable to produce certain characters, such as grave accents.	Investigate system functionality to input Gaelic characters, allowing accents appear on candidate Certificates and on SQA internal APS system.	Operations	1–5 years	2, 3
	Review operational practice to support and increase numbers of translators, markers and other examining team members to ensure standardisation and quality assurance.	Qualifications Development Operations	1–5 years	
Gaelic-medium subjects have appropriate assessment support materials and resources available in Gaelic	Continue to work with Translation providers and engage with Stòrlann (National Gaelic Resource Agency) to provide translation of Assessment support materials.	Qualifications Co-ordinator	Ongoing	4
SQA actively promote fluent speakers (Gàidhlig) qualifications to candidates who have an existing level of fluency in the language.	Distribute revised guidance for allocation to Gaelic (Learners) or Gàidhlig qualifications to ensure candidates are entered for the appropriate subject and level.	Qualifications Development	Ongoing	4
Continue to investigate practice with examining authorities in Wales, Ireland and the rest of Europe. Remit of Qualifications Co-ordinator includes involvement in various language networks.	Maintain current practice. Qualifications co-ordinator to keep up to date with developments in minority languages in education.	Qualifications Development	Ongoing	2

Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Stiùireachas SQA a tha an urra ris	Raon-ama	Amas Àrd-Ìreil
Tha an SQA dealasach mu bhith a' leudachadh an raoin làithreach de Chùrsaichean Nàiseanta a tha rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig ann an raon de chuspairean air a shònrachadh gu soilleir agus a tha so-dhèanta.	Lean air adhart a' conaltradh agus com-pàirtich ann am buidheann obrach BOFAS (Foghlam Àrd-Sgoile), a' dèanamh cinnteach gu bheil leudachadh cuspair sam bith a rèir mholaidhean BnG agus an ro-innleachd nàiseanta. Cuiridh SQA an gnìomh na thèid aontachadh aig ìre Nàiseanta.	Leasachadh Theisteanasan	1–3 bliadhna	2,3,4
Faodaidh tagraichean a bhith air an clàradh agus air an teisteanachadh gu dìreach airson theisteanasan Tro Mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm seo mar thoradh air duilgheadasan le modh-obrach an t-siostaim chan urrainn dhuinn cuid de characteran leithid stràcan trom a chleachdadh.	Dèan sgrùdadh air modh-obrach an t-siostaim gus am bi e comasach dha characteran Gàidhlig a ghabhail, agus le sin gum bi stràcan a' nochdadh air Teisteanasan nan tagraichean agus air siostam APS in-thaigh an SQA.	Gnìomhan	1–5 bliadhna	2, 3
	Dèan sgrùdadh air cleachdaidhean obrach gus taic a thoirt agus meudachadh a dhèanamh air an àireamh de dh'eadar-theangairean, luchd-ceartachaidh agus buill eile de sgioba nan deuchainnean gus cunbhalachd agus càileachd a dhearbhadh.	Leasachadh Theisteanasan Gnìomhan	1–5 bliadhna	
Gu bheil stuthan taic airson measadh agus goireasan iomchaidh ann an Gàidhlig rim faotainn airson cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig	Lean air adhart ag obair le solaraidhean Eadar-theangachaidh agus leis an Stòrlann (Buidheann Nàiseanta Ghoireasan Gàidhlig) gus stuthan taic airson Measadh eadar-theangachadh.	Co-òrdanaiche Theisteanasan	A' dol air adhart	4
Tha an SQA gu gnìomhach ag àrdachadh theisteanasan fhileantach (Gàidhlig) do thagraichean aig a bheil ìre fileantachd sa chànan a-cheana.	Sgaoil stiùireadh ath-leasaichte airson a riarachadh aig ìre Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) no Gàidhlig (Fileantaich) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil tagraichean air an cur a-steach airson teisteanasan iomchaidh aig an ìre iomchaidh.	Leasachadh Theisteanasan	A' dol air adhart	4
Lean air adhart a' sgrùdadh modh-obrach nan ùghdarrasan dheuchainnean sa Chuimrigh, Èirinn agus sa chòrr dhen Roinn Eòrpa. Tha dreuchd a' Cho-òrdanaiche Theisteanasan a' gabhail a-steach a bhith an sàs ann an grunn lionraidhean cànan.	Lean air adhart mar a tha. Feumaidh an Co-òrdanaiche Theisteanasan cumail suas ri leasachaidhean ann am foghlam sna mion-chànanan.	Leasachadh Theisteanasan	A' dol air adhart	2

Expansion of Gaelic Learner Education (GLE) in schools

'A year on year increase in the number of pupils engaged in Gaelic-learner education (GLE) in both primary and secondary schools'

National Gaelic Language Plan 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, p8)

In recent years the number of pupils learning Gaelic as a subject in secondary schools has risen. A number of measures listed below are required in order to meet this outcome.

Please see Appendix 1 for more information on candidate numbers and statistics.

Current Practice	Development Activity	SQA Directorate	Time-scale	High Level Aim
As part of Curriculum for Excellence, continue Gaelic course provision (including stand-alone units within the language stream) for both learners and fluent speakers. Liaise closely with Gaelic teaching profession in achieving this aim.	Maintain current practice	Qualifications Development	1–5 years	2,3,4
Mainstreaming of Gaelic subjects within other language development projects. Gaelic (Learners) part of modern languages portfolio.	Maintain current practice.	Qualifications Development	1–5 years	1,2,3,4
Ongoing engagement with the teaching profession to encourage members to apply for appointee roles.	Develop succession planning strategy for Gaelic examination teams to take account of projected increase in candidate numbers and future retirement of appointees.	Qualifications Development, Operations, Appointee Management	1–5 years	2,4
SQA has links with national support networks for Gaelic teachers, such as CLAS. Qualifications Co-ordinator has ongoing engagement with group.	Maintain current practice, in particular focus on engagement with teaching profession via the An t-alltan conference and updates to CLAS.	Qualifications Development	Ongoing	2,3

Leudachadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) ann an sgoiltean

'Àrdachadh bliadhnaile san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean'.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, td 8)

Sna beagan bliadhnaichean a chaidh seachad tha an àireamh de sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair sna h-àrd-sgoiltean air èirigh. Feumar grunn cheumnan air am mineachadh gu h-ìosal a leantainn gus a' bhuil seo a coileanadh.

Faic Pàipear-taic 1 airson tuilleadh fiosrachaidh mu àireamhan thagraichean agus staitistigean.

Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Stiùireachas SQA a tha an urra ris	Raon-ama	Amas Àrd-Ìreil
Mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais lean air adhart leis an t-solar cùrsa Gàidhlig (a' gabhail a-steach aonadan fa leth san t-sruth cànan) airson luchd-ionnsachaidh agus fileantaich. Obraich gu dlùth leis na tidsearan Gàidhlig ann a bhith a' coileanadh an amais seo.	Lean air adhart mar a tha.	Leasachadh Theisteanasan	1–5 bliadhna	2,3,4
A' cur chuspairean Gàidhlig dhan phrìomh shruth taobh a-staigh phròiseactan leasachadh cànan eile. Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar phàirt den phasgan nuadh-chànanan.	Lean air adhart mar a tha.	Leasachadh Theisteanasan	1–5 bliadhna	1,2,3,4
Conaltradh leantainneach leis na tidsearan gus feadhainn a bhrosnachadh gu bhith a' dol airson dreuchdan proifeiseanta.	Leasaich ro-innleachd planaich leantainn ann an dreuchd airson sgiobaidhean nan deuchainnean Gàidhlig, gus a bhith mothachail don àrdachadh san amharc san àireamh de thagraichean, agus do chuid a bhios a' leigeil dhiubh an dreuchdan san àm ri teachd.	Leasachadh Theisteanasan Obrachaidhean, Rianachd Dhreuchdan	1–5 bliadhna	2,4
Tha ceanglaichean aig an SQA le lìonraidhean nàiseanta a tha a' toirt taic do thidsearan Gàidhlig, leithid CLAS. Tha ceangal leantainneach aig a' Cho-òrdanaiche Theisteanasan leis a' bhuidhinn.	Lean air adhart mar a tha. Gu sònraichte cùm suas ceangal leis na tidsearan tron cho-labhairt An t-Alltan agus nithean ùra an lùib CLAS.	Leasachadh Theisteanasan	A' dol air adhart	2,3

Expansion of Gaelic education for adults in Post-school Education

'FE and HE sector offer unique expertise to enrich Gaelic in Scotland and provide continuity and diversity in Gaelic Language Learning.'

National Gaelic Language Plan 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, p26)

The increasing number of children in Gaelic-medium Education (GME) has led to higher demand from adults with a desire to learn Gaelic, for example parents of children enrolled in in GME. To meet the needs of this sector, SQA is committed to reviewing existing provision and addressing any gaps in the existing adult learners sector.

Current Practice	Development Activity	SQA Directorate	Time-scale	High Level Aim
SQA reviewed Unit and group award provision across all SCQF (Scottish Credit and Qualifications Framework) levels to identify gaps in provision. After appropriate consultation, a targeted range of qualifications were developed to support adult language learning.	Analyse current and historical provision of Gaelic language Units & look for ways to promote further. Create promotional material and add information on Units to website. Look to re-establish college network links. In line with Bòrd na Gàidhlig Adult Learning Strategy, SQA will commit to what is agreed at a National level.	Qualifications Directorate	1–3 years	
Following engagement with Bòrd na Gàidhlig Working Group for Adult Learners, the need was highlighted for a qualification for Gaelic Translators.	Develop a Professional Development Award (PDA) in Translation Skills with specific Assessment Support Packs (ASPs) for the Gaelic sector to contextualise delivery to suit many of the key issues facing the sector. Code the units separately for each language, allowing 'Gaelic' to appear in the certificate.	Qualifications Directorate	1–3 years	

The four language development aspects of acquisition, usage, status and corpus are intrinsic to the work in each of the three preceding sections but, for clarity, we are devoting a separate section to the development and support given to the Gaelic Language Corpus by SQA, embodied by the SQA Publication *Gaelic Orthographic Conventions*.

Leudachadh foghlam Gàidhlig airson inbhich ann am Foghlam Seach-sgoile

'Tha an comas sònraichte aig roinnean Àrd-Ìre agus RL a' cur ri beairteas na Gàidhlig ann an Alba agus leantanas is roghainn a stèidheachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig'.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012–2017, Bòrd na Gàidhlig (2012, td 26)

Tha am meudachadh san àireamh chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) air leantainn air adhart gu tuilleadh iartais bho inbhich a tha airson Gàidhlig ionnsachadh, mar eisimpleir pàrantan chloinne a tha air an clàradh ann an GME. Gus coinneachadh ri feumalachdan na h-earrainn seo, tha an SQA dealasach mu bhith a' sgrùdadh an t-solair a tha ann a-cheana agus

Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Stiùireachas SQA a tha an urra ris	Amas Àrd- Ìreil
Rinn an SQA sgrùdadh air solar Aonaid agus duais buidhne thairis air ìrean SCQF (Frèam-obrach Creideas an Teisteanas na h-Alba) gus beàrnan san t-solar a chomharrachadh. An dèidh co-chomhairleachaidh, chaidh raon de theisteanasan iomchaidh a leasachadh gus taic a thoirt do dh'inbhich a bha ag ionnsachadh cànan.	Dèan sgrùdadh air solar làithreach is eachdraidheil nan Aonadan Gàidhlig agus coimhead airson dòighean air tuilleadh sanasachd a dhèanamh orra. Cruthaich stuth sanasachd agus cuir fiosrachadh mu Aonadan air an làrach-lìn. Feuch ri ceanglaichean lionra cholaistean ath-stèidheachadh. Bidh an SQA dealasach mu na thèid aontachadh aig ìre Nàiseanta an co-rèir ris an Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach aig Bòrd na Gàidhlig.	Stiùireachas Theisteanasan	1–3 bliadhna
An dèidh conaltradh le Buidheann Obrach Luchd-ionnsachaidh Inbheach aig Bòrd na Gàidhlig, chaidh soilleireachadh gun robh feum air teisteanas airson Eadar-theangairean Gàidhlig.	Leasaich Duais Leasachaidh Proifeiseanta (PDA) ann an Sgilean Eadar-theangachaidh le Pasgain Taic Measaidh (ASPan) sònraichte don earrainn Ghàidhlig, gus libhrigeadh a chur ann an co-theacs a bhios iomchaidh don iomadh prìomh chùis a tha fa chomhair na h-earrainn. Cuir àireamh còda eadar-dhealaichte air na h-aonadan airson gach cànan, gus am bi am facal 'Gàidhlig' a' nochdadh air an teisteanas.	Stiùireachas Theisteanasan	1–3 bliadhna

Tha na ceithir taobhan leasachaidh cànan Togail, Inbhe, Cleachdadh agus Corpas deatamach don obair sna trì earrannan ron seo ach, gus cùisean a shoilleireachadh nas fheàrr, tha sinn a' cur earrann eile ri seo mun leasachadh agus an taic a tha an SQA air a thoirt do Chorpas na Gàidhlig, mar a chithear anns an fhoillseachadh leis an SQA, Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC).

Gaelic Orthography

In 1976, the Scottish Certificate of Education Examination Board (SCEEB), at the request of its Gaelic Panel, set up a Sub-committee of the Panel to investigate issues related to Gaelic orthography. Inconsistencies in the standard of written Gaelic had been noted by SCEEB examiners and it was felt that guidelines should be created to ensure that an authoritative set of orthographic conventions was adopted by teachers and examination candidates. It was also important that examiners, setters and markers would use the document when dealing with Gaelic examination papers and scripts. The findings of the Sub-committee were published in 1981 in Gaelic Orthographic Conventions (GOC). This document has proved to be a valuable foundation for many areas of Gaelic development since then as Gaelic usage has expanded into different domains of public life in Scotland.

Extract from introduction to Gaelic Orthographic Conventions

The actions and commitments detailed in this chapter indicate the depth and extent of SQA's developing projects and action plans, showing how each area impacts both on the national priorities of acquisition, usage, language and corpus and on the National Education Strategy for Gaelic.

As is the case with all languages, consistency of terminology and translation is very important, especially in Gaelic where new terminology and translation technology is emerging. SQA is committed to accessing developments in this sector and reviewing its internal translation processes. By working together with national partners such as Stòrlann, Education Scotland and translation companies, we will endeavour to contribute to and develop an educational database for Gaelic terminology.

SQA welcomes the opportunity to engage in national consultation, enabling the further development of these aims into realistic and achievable ambitions for the organisation's support for the Gaelic Language.

Litreachadh na Gàidhlig

Ann an 1976, chuir Bòrd Dheuchainnean Foghlam na h-Alba (SCEEB) mar thoradh air iarrras bhon Phannal Ghàidhlig aca, Fo-chomataidh den Phannal air bhonn a rannsachadh chùisean co-cheangailte ri litreachadh na Gàidhlig. Bha luchd-sgrùdaidh SCEEB air neo-chunbhalachdan ann an inbhe sgrìobhaidh Gàidhlig a thoirt fa-near, agus bhathar a' faireachdainn gum bu chòir stiùireadh a chruthachadh gus a dhèanamh cinnteach gun gabhadh tidsearan agus tagraichean dheuchainnean ri seat ùghdarraichte de ghnàthasan litreachaidh. Bha e cudromach cuideachd gun cleachdadh luchd-sgrùdaidh, luchd-seataidh agus luchd-comharrachaidh an sgrìobhainn aig àm dèiligidh le pàipearan agus sgrìobtaichean dheuchainnean. Chaidh toraidhean an Fho-chomataidh fhoillseachadh ann an 1981 ann an Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC). Tha an sgrìobhainn seo air dearbhadh a bhith na bhunait luachmhor do mhòran raointean de leasachadh na Gàidhlig bhon uair sin, fhad 's a tha cleachdadh air a' Ghàidhlig air leudachadh a-mach do dhiofar cheàrnaidhean den bheatha phoblaich ann an Alba.

Air a thoirt bho ro-ràdh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig

Tha na gnìomhan agus na dealasan a tha air am mìneachadh sa chaibideil seo a' comharrachadh doimhneachd agus leud obair an SQA a thaobh leasachadh phròiseactan agus planaichean gnìomh, a' sealltainn mar a tha gach raon a' bualadh air na prìomhachasan nàiseanta togail, cleachdadh, cànan agus corpas agus air an Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig.

Mar a tha fìor mun h-uile cànan, tha cunbhalachd a thaobh briathrachas agus eadar-theangachadh air leth cudromach, gu h-àraidh a thaobh na Gàidhlig far a bheil fàs a' tighinn air briathrachas ùr agus air teicneòlas eadar-theangachaidh. Tha an SQA dealasach mu bhith a' faighinn cothrom air leasachaidhean san roinn seo agus a thaobh a bhith a' sgrùdadh a phròiseasan eadar-theangachaidh in-thaigh. Le bhith ag obair còmhla ri buidhnean nàiseanta leithid Stòrlann, Foghlam Alba agus companaidhean eadar-theangachaidh, nì sinn ar dicheall cuir ri agus leasachadh stòr-dàta foghlaim airson briathrachas Gàidhlig.

Tha an SQA a' cur fàilte air a' chothrom a bhith an sàs ann an co-chomhairleachadh nàiseanta, ga dhèanamh comasach a bhith a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air na h-amasan sin gus adhartasan practaigeach agus a tha comasach a choileanadh an lùib an taic a tha am buidheann a' toirt dhan Ghàidhlig.

Current Practice	Development Activity	Business Area Responsible	Time-scale	High Level Aim
Publish Gaelic Orthographic Conventions in bilingual format.	Maintain current practice. Raise awareness of importance of adherence to Gaelic Orthographic Conventions.	Publications	Ongoing	2
Continue to liaise with Bòrd na Gàidhlig in relation to Gaelic terminology issues.	Maintain current practice.	Qualifications Directorate	Ongoing	2
Internal translation projects across Business Areas are assigned to contracted translation agency or agreed translation partners.	Streamline translation process to ensure consistency throughout SQA. Create guidelines for staff involved in purchasing of translation and interpreting services.	Qualifications Directorate	Year 1-2	1
Adherence to SQA terminology list.	Work together with Stòrlann and Education Scotland to create database for Education terms. SQA to use TòMaS translation memory system developed by UHI.	Qualifications Directorate	Ongoing	1, 4

Cleachdadh Làithreach	Obair Leasachaidh	Stiùireachas SQA a tha an urra ris	Raon-ama	Amas
Foillseachadh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig ann an riochd dà-chànanach.	Lean air adhart mar a tha. Togail mothachadh do cho cudromach 's a tha e a bhith a' leantainn Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.	Foillseachaidhean	A' dol air adhart	2
Leantainn air adhart a' conaltradh ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh briathrachas Gàidhlig.	Lean air adhart mar a tha.	Stiùireachas Theisteanasan	A' dol air adhart	2
Pròiseactan eadar-theangachaidh in-thaigh thar Raointean Gnothachais air an cur a-mach gu buidheann eadar-theangachaidh fo chunnradh no gu com-pàirtichean aontaichte.	Dèan am pròiseas eadar-theangachaidh nas èifeachdaich gus am bi cunbhalachd tron SQA air fad. Stèidhich stiùireadh soilleir do luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' ceannach sheirbheisean eadar-theangachaidh sgrìobhte is eadar-mhìneachaidh mar-aon.	Stiùireachas Theisteanasan	Bliadhna 1-2	1
Cumail ri liosta briathrachais an SQA.	Co-obrachadh leis an Stòrlann agus Foghlam Alba gus stòr-dàta de bhriathrachas Foghlaim a chruthachadh. SQA a' dol a chleachdadh an t-siostam eadar-theangachaidh TòMaS a chaidh a leasachadh le UHI.	Stiùireachas Theisteanasan	A' dol air adhart	1, 4

4 Implementation and monitoring

Timescales

This Gaelic Language Plan will formally remain in force for a period of five years from this date or until a new plan has been put in place. Target dates and notes of immediate action are monitored on a monthly basis by the lead officers on the Corporate Planning Team and on the Education Strategy Team.

Management

1 Overall Responsibility: Dr Janet Brown, Chief Executive

The Chief Executive will be responsible for ensuring that SQA delivers on the commitments set out in this Plan.

2 Administrative Arrangements for Implementing the Gaelic Language Plan

This Plan is the policy of SQA and has been endorsed both by our senior management team and Council members.

3 Publicising the Plan

SQA's Gaelic Language Plan will be published bilingually on its website. In addition, we shall:

- ◆ publicise the plan via social media and in our regular communications with our centres
- ◆ make copies of the Plan available in our public offices and reception areas
- ◆ make the Plan known to employees via SQA's Intranet
- ◆ distribute copies of the Plan to Gaelic organisations and other interested bodies
- ◆ make copies available on request

4 Individual staff members

SQA staff will be informed of their involvement in Gaelic Language Plan actions and activities through the work of the corporate and education planning teams, to ensure that the timescales are adhered to. Please see 'Contact details' section of the Plan on the final page of this document for details of lead officers.

5 Monitoring implementation of the Plan

SQA's Qualifications Co-ordinator for Gaelic and Corporate Planning Manager will monitor Education and Corporate actions of our Gaelic Language Plan. Links to Bòrd na Gàidhlig's Education Officer and the national working groups are essential to the ongoing success of Gaelic language planning in SQA, given the importance of SQA's national education remit.

Implementation of the Plan will be included in our Operational and Business Plans, and progress will be monitored through normal SQA governance channels.

Regular communication, either in the form of written updates or meetings with Bòrd na Gàidhlig, will facilitate this process.

4 Buileachadh agus sgrùdadh

Raointean-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an sàs airson còig bliadhna on cheann-là seo no gus an tèid plana ùr a chur na àite. Bidh cinn-là agus nòtaichean de nithean ris am feumar dèiligeadh air an sgrùdadh gach mìos leis na prìomh oifigearan san Sgioba Planaidh Corporra agus san Sgioba Ro-innleachd Foghlaim.

Stiùireadh

1 Uallach san Fharsaingeachd: An t-Oll Janet Brown, Ceannard

Bidh an Ceannard an urra ri bhith a' dèanamh cinnteach gun libhrig an SQA na dleastanasan a tha air an cur an cèill sa Phlana seo.

2 Ullachaidhean Rianachd airson Plana na Gàidhlig a thoirt gu buil

Is e am Plana seo poileasaidh leis an SQA agus tha e air a bhith air aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus le buill na Comhairle.

3 A' Foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig an SQA air fhoillseachadh ann an riochd dà-chànanach air an làraich-lìn aige. A thuilleadh air sin, bidh sinn:

- ◆ a' foillseachadh a' phlana tro na meadhanan sòisealta agus nar conaltradh leis na h-ionadan againn
- ◆ a' cur lethbhreacan den Phlana do na h-oifisean poblach againn agus sna h-ionadan fàilteachais
- ◆ a' togail ìomhaigh a' Phlana le ar luchd-obrach tro Eadra-lìon an SQA
- ◆ a' sgaoileadh lethbhreacan den Phlana gu buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile aig a bheil ùidh ann
- ◆ a' toirt lethbhreacan seachad an uair a thig iarrtas air an son.

4 Luchd-obrach fa leth

Bidh fiosrachadh air a thoirt do luchd-obrach an SQA mun obair a bhios aca an lùib ghnìomhan agus dhleastanasan a' Phlana Ghàidhlig tro na sgiobaidhean corporra agus planadh foghlaim, gus a dhèanamh cinnteach gun tèid cumail ris na raointean-ama. Faic an earrann 'Fiosrachadh' den Phlana air an duilleig mu dheireadh den sgrìobhainn seo airson mion-fhiosrachadh mu na h-oifigearan stiùiridh.

5 A' Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Nì an Co-òrdanaiche Theisteanasan airson Gàidhlig agus am Manaidsear Planaidh Corporra sgrùdadh air gnìomhan Foghlaim agus Corporra ar Plana Gàidhlig. Tha ceanglaichean le Oifigear Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig agus ris na buidhnean-obrach nàiseanta riatanach do shoirbheachas leantainneach planadh cànan na Gàidhlig aig SQA, leis cho cudromach 's a tha dleastanas foghlaim an SQA aig ìre nàiseanta.

Bidh buileachadh a' Phlana mar phàirt de ar Planaichean Obrachaidh agus Gnothachais, agus thèid adhartas a sgrùdadh tro mhodhan riaghlaidh àbhaisteach an SQA.

Thèid am pròiseas seo a dhèanamh comasach tro chonaltradh riaghailteach le Bòrd na Gàidhlig, a' toirt seachad am fiosrachadh as ùire ann an sgrìobhadh no aig coinneamhan.

6 Services delivered by third parties

SQA will ensure that those who deliver services/goods on our behalf adhere to the principles contained in our Gaelic Language Plan, and are given access to the Plan either on their appointment to SQA or via SQA's Gaelic web pages.

Contact details

Corporate Team

Sandra Bonilla
Corporate Planning Manager
Quality Systems and Planning
SQA
58 Robertson Street
Glasgow G2 8DQ
0845 213 5321
sandra.bonilla@sqa.org.uk

Education Team

Robert Quinn	Jennifer McHarrie/Carolyn O'Reilly (maternity cover)
Head of English, Languages, Business and Core Skills	Qualifications Co-ordinator
Qualifications Directorate	Qualifications Directorate
SQA	SQA
58 Robertson Street	58 Robertson Street
Glasgow G2 8DQ	Glasgow G2 8DQ
0845 213 5612	0845 213 5520/5496
robert.quinn@sqa.org.uk	jennifer.mcharrie@sqa.org.uk carolyn.o'reilly@sqa.org.uk

6 Seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean

Nì an SQA cinnteach gun cùm iadsan a tha a' libhrigeadh sheirbheisean/bathair às ar leth ris na prionnsapalan a tha sa Phlana Ghàidhlig againn agus gum bi cothrom aca air ar Plana fhaicinn an uair a thèid am fastadh gu SQA no tro dhuilleagan Gàidhlig làrach-lìn SQA.

Fiosrachadh

Sgioba Corporra

Sandra Bonilla

Manaidsear Planaidh Corporra

Siostaman Càileachd agus Planaidh

SQA

58 Sràid MhicDhonnchaidh

Glaschu G2 8DQ

0845 213 5321

sandra.bonilla@sqa.org.uk

Sgioba an Fhoghlaim

Robert Quinn

Jennifer McHarrie / Carolyn O'Reilly (Fòrladh màthaireachd)

Ceannard Beurla, Cànan, Gnothachas agus Bun-sgìlean

Co-òrdanaiche Theisteanasan

Stiùireachas Theisteanasan

Stiùireachas Theisteanasan

SQA

SQA

58 Sràid MhicDhonnchaidh

58 Sràid MhicDhonnchaidh

Glaschu G2 8DQ

Glaschu G2 8DQ

0845 213 5612

0845 213 5520/5496

robert.quinn@sqa.org.uk

jennifer.mcharrie@sqa.org.uk

carolyn.o'reilly@sqa.org.uk

Appendix 1: Qualifications and Statistics

Gaelic (Learners)					
Qualification	2011	2012	2013	2014	2015
Standard Grade	362	308	309	N/A	N/A
Intermediate 1	10	10	14	3	0
Intermediate 2	33	42	38	22	1
National 3	N/A	N/A	N/A	18	8
National 4	N/A	N/A	N/A	85	35
National 5	N/A	N/A	N/A	163	109
Higher	127	110	119	103	56
Higher (New)	N/A	N/A	N/A	N/A	41
Advanced Higher	18	22	21	20	30

Gàidhlig					
Qualification	2011	2012	2013	2014	2015
Standard Grade	173	198	197	N/A	N/A
Intermediate 1	16	6	6	3	0
Intermediate 2	33	42	38	22	6
National 3	N/A	N/A	N/A	3	2
National 4	N/A	N/A	N/A	27	20
National 5	N/A	N/A	N/A	175	167
Higher	116	95	117	122	48
New Higher	N/A	N/A	N/A	N/A	87
Advanced Higher	18	34	19	26	38

Gaelic-medium				
Qualification	2012	2013	2014	2015
Cruinn-eòlas (Geography)				
Standard Grade	26	31	N/A	N/A
National 4	N/A	N/A	1	3
National 5	N/A	N/A	23	16
Higher	0	0	0	0
Eachdraidh (History)				
Standard Grade	28	35	N/A	N/A
National 4	N/A	N/A	8	0
National 5	N/A	N/A	30	26
Higher	0	0	0	0
Nuadh-eòlas (Modern Studies)				
Standard Grade	4	5	N/A	N/A
National 4	N/A	N/A	5	0
National 5	N/A	N/A	4	4
Higher	0	0	0	0
Matamataig (Mathematics)				
Standard Grade	40	42	N/A	N/A
National 4	N/A	N/A	12	8
National 5	N/A	N/A	18	18
Higher	12	21	27	21

It is important to note that the last table is not representative of the full number of Gaelic-medium candidates in Scotland. Rather, it shows the candidates who have elected to undertake the subject **examination** in the medium of Gaelic. Increasing numbers of children in GME at primary level are not resulting in a commensurate increase in secondary school and in Senior Phase. This year has, in fact, shown a decrease in numbers being presented for SQA qualifications in the medium of Gaelic, although it is encouraging that in 2015 an FE college presented candidates for Nàiseanta 5 Eachdraidh.

Paipear-taic 1: Teisteanasan agus Staitistearachd

Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)					
Teisteanas	2011	2012	2013	2014	2015
Ìre Choitcheann	362	308	309	N/A	N/A
Eadar-mheadhanach 1	10	10	14	3	0
Eadar-mheadhanach 2	33	42	38	22	1
Nàiseanta 3	N/A	N/A	N/A	18	8
Nàiseanta 4	N/A	N/A	N/A	85	35
Nàiseanta 5	N/A	N/A	N/A	163	109
Àrd-ìre	127	110	119	103	56
Àrd-ìre	N/A	N/A	N/A	N/A	41
Àrd-ìre Adhartach	18	22	21	20	30

Gàidhlig					
Teisteanas	2011	2012	2013	2014	2015
Ìre Choitcheann	173	198	197	N/A	N/A
Eadar-mheadhanach 1	16	6	6	3	0
Eadar-mheadhanach 2	33	42	38	22	6
Nàiseanta 3	N/A	N/A	N/A	3	2
Nàiseanta 4	N/A	N/A	N/A	27	20
Nàiseanta 5	N/A	N/A	N/A	175	167
Àrd-ìre	116	95	117	122	48
Àrd-ìre Ùr	N/A	N/A	N/A	N/A	87
Àrd-ìre Adhartach	18	34	19	26	38

Tro Mheadhan na Gàidhlig					
Teisteanas	2012	2013	2014	2015	
Cruinn-eòlas (Geography)					
Ìre Choitcheann	26	31	N/A	N/A	
Nàiseanta 4	N/A	N/A	1	3	
Nàiseanta 5	N/A	N/A	23	16	
Àrd-ìre	0	0	0	0	
Eachdraidh (History)					
Ìre Choitcheann	28	35	N/A	N/A	
Nàiseanta 4	N/A	N/A	8	0	
Nàiseanta 5	N/A	N/A	30	26	
Àrd-ìre	0	0	0	0	
Nuadh-eòlas (Modern Studies)					
Ìre Choitcheann	4	5	N/A	N/A	
Nàiseanta 4	N/A	N/A	5	0	
Nàiseanta 5	N/A	N/A	4	4	
Àrd-ìre	0	0	0	0	
Matamataig (Mathematics)					
Ìre Choitcheann	40	42	N/A	N/A	
Nàiseanta 4	N/A	N/A	12	8	
Nàiseanta 5	N/A	N/A	18	18	
Àrd-ìre	12	21	27	21	

Tha e cudromach a bhith mothachail nach eil an clàr mu dheireadh a' comharrachadh na h-àireimh air fad de thagraichean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Tha e dìreach a' sealltainn nan tagraichean a tha air taghadh an deuchainn sa chuspair a fhreagair tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil meudachadh sna h-àireamhan de chloinn ann an GME aig ìre na bun-sgoile a' leantainn air adhart gu meudachadh ceudna san àrd-sgoil agus aig an Ìre as Sìne. 'S ann a tha a' bhliadhna seo air nochdadh lùghdachadh san àireamh de thagraichean a chuireadh a-steach airson teisteanasan an SQA tro mheadhan na Gàidhlig, ged a tha e na adhbhar misneachd gun do chuir colaiste Foghlam Adhartach tagraichean air adhart airson Nàiseanta 5 Eachdraidh.

Appendix 2: Development Areas

The Priority Action areas identified in the National Plan for Gaelic are still relevant and underpin our commitments to Gaelic listed below.

1 Language acquisition

Increasing the number of Gaelic speakers by ensuring the language is transferred within families and by securing effective opportunities for learning Gaelic, through:

- ◆ increasing the use and transmission of Gaelic in the home
- ◆ increasing the number of children acquiring Gaelic in the home
- ◆ increasing the uptake and availability of Gaelic-medium education
- ◆ increasing the number of adult Gaelic learners progressing to fluency

2 Language usage

Encouraging greater use of Gaelic, providing opportunities to use the language, and promoting access to Gaelic forms of expression, through:

- ◆ increasing the use of Gaelic in communities
- ◆ increasing the use of Gaelic in tertiary education and places of work
- ◆ increasing the presence of Gaelic in the media
- ◆ increasing the promotion of Gaelic in the arts
- ◆ increasing the profile of Gaelic in the tourism, heritage and recreation sectors

3 Language status

Increasing the visibility and audibility of Gaelic, enhancing its recognition and creating a positive image for Gaelic in Scottish public life, through:

- ◆ increasing the number of bodies preparing Gaelic Language Plans
- ◆ increasing the profile and prestige of Gaelic
- ◆ increasing the visibility and recognition of Gaelic

4 Language Corpus

Strengthening the relevance and consistency of Gaelic and promoting research into the language, through:

- ◆ increasing the relevance and consistency of the Gaelic language
- ◆ increasing the quality and accessibility of Gaelic translations
- ◆ increasing the availability of accurate research information

In addition, the following Development Areas and Outcomes are identified in the National Gaelic Language Plan.

Paipear-taic 2: Raointean Leasachaidh

Tha na Raointean Prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig fhathast iomchaidh agus is ann orra a tha na dealasan againn a thaobh na Gàidhlig a tha air an liostadh gu h-ìosal, stèidhichte.

1 Togail Cànan

Meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' gluasad tro theaghlachan agus le bhith a' faighinn cothroman èifeachdach airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, tro:

- ◆ meudachadh cleachdadh agus gluasad na Gàidhlig san dachaigh
- ◆ meudachadh na h-àireimh de chloinn a tha a' togail na Gàidhlig san dachaigh
- ◆ meudachadh na tha a' leantainn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na cothroman a tha ann sin a dhèanamh
- ◆ meudachadh na h-àireimh de dh'ìnbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a tha a' leantainn orra gu fileantachd

2 Cleachdadh Cànan

A' brosnachadh barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig, a' tabhann cothroman gus an cànan a chleachdadh, ag adhartachadh cothrom air gnàthasan cainnte Gàidhlig, tro bhith:

- ◆ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- ◆ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre agus ann an àiteachan-obrach
- ◆ meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig sna meadhanan
- ◆ meudachadh adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain
- ◆ meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig ann an earrainnean turasachd, dualchais agus cur-seachad

3 Inbhe Cànan

Meudachadh cothrom a bhith a' faicinn agus a' cluinntinn na Gàidhlig, a' cur ri aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig sa bheatha phoblaich ann an Alba, tro bhith:

- ◆ meudachadh na h-àireimh de bhuidhnean a tha ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig
- ◆ meudachadh àite agus cliù na Gàidhlig
- ◆ meudachadh faicsinneachd agus aithne air a' Ghàidhlig

4 Corpas Cànan

A' neartachadh ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus a' brosnachadh rannsachadh mun chànan, tro bhith:

- ◆ meudachadh ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- ◆ meudachadh càileachd agus cothrom air eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- ◆ meudachadh cothrom air fiosrachadh ceart bho rannsachadh

A thuilleadh air sin, tha na Raointean Leasachaidh agus na Builean a leanas air an sònrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Home and Early Years

An increase in the acquisition and use of Gaelic by young people in the home and increased numbers of children entering Gaelic-medium early years education.

Education: Schools & Teachers

An increase in the number of children enrolling in Gaelic-medium education (GME), doubling the current annual intake to 800 by 2017.

A year on year increase in the number of pupils engaged in Gaelic-learner education (GLE) in both primary and secondary schools.

An expansion in the availability of Gaelic-medium subjects in secondary schools.

Corpus

Co-ordination of the initiatives of parties active in Gaelic language corpus development to achieve enhanced strength, relevance, consistency and visibility of the Gaelic language in Scotland.

Education: Post-school Education

An increase in the number of adults acquiring Gaelic from the current total of around 2,000 to 3,000 by 2017 and enhanced language skills among fluent Gaelic speakers.

Communities

More opportunities for communities and networks of Gaelic speakers of all kinds to use Gaelic and increased use of the language in community activities and services.

Workplace

Expansion of the use of Gaelic in places of work and an increase in employment opportunities where Gaelic skills are required in order to enable service delivery in the language.

Arts & Media

Development of Gaelic arts and media as a means of promoting the language, attracting people to it and enhancing their commitment through opportunities to learn, use and develop Gaelic.

Heritage & Tourism

An increased profile for Gaelic in the heritage and tourism sectors and increased use of Gaelic in the interpretation of Scotland's history and culture.

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean

Barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus àrdachadh san àireamh chloinne a' dol gu foghlam thràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan

Àrdachadh gach bliadhna san àireamh a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG), a' dùblachadh na h-àireimh bhliadhnail a tha a' tòiseachadh an-dràsta gu 800 ann an 2017.

Àrdachadh bliadhnail san àireamh sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLI), an dà chuid ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.

Leudachadh air na tha de chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

Corpas

Co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpais Gàidhlig gus a' Ghàidhlig mar chànan a dhèanamh làidir, feumail, riaghailteach agus follaiseach ann an Alba.

Foghlam: Foghlam Seach-sgoile

Àrdachadh san àireamh inbheach a tha a' togail na Gàidhlig on 2,000 no mar sin a tha ann an-dràsta gu 3,000 ann an 2017, agus leasachadh air sgilean cànan fhileantach.

Coimhearsnachdan

Barrachd chothroman aig coimhearsnachdan is lìonraidhean luchd-labhairt a' Ghàidhlig a chleachdadh, is a' Ghàidhlig a bhith ga cleachdadh barrachd ann an tachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.

Àite-obrach

Leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus air cothroman cosnaidh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig airson gun gabh seirbheisean a thoirt seachad sa chànan.


Ealain agus Meadhanan

Leasachadh air ealain agus meadhanan Gàidhlig mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt gu aire a' mhòr-shluaigh, daoine a tharraing chun a' chànan agus an deagh ghean dhan Ghàidhlig a neartachadh tro chothroman a h-ionnsachadh, a cleachdadh agus a leasachadh.

Dualchas agus Turasachd

A' Ghàidhlig a bhith nas fhollaisiche ann an dualchas is turasachd, agus barrachd feum a bhith ga dhèanamh dhen Ghàidhlig ann a bhith a' mineachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba.

Appendix 3: Scottish Credit and Qualifications Framework



Pàipear-taic 3: Frèam Creideis is Theisteanasan na h-Alba

